- the SFP Partners should approach EU Programmes such as the INTERREG IVA Cross-border Programme to seek co-financing for the collaborative procurement of new vessels for the lifeline ferry services in the three jurisdictions covered by the Project.

Clàr-innse

1.1	Roimh-ràdh	page 17
1.2	Amasan Pròiseact nan Aiseagan Beaga	page 17
1.3	Leud a' Phròiseact	page 18
1.4	Suidheachadh roi-innleachdail agus an t-suidheachadh an dràsta	page 19
1.5	Measadh de na tha a dhìth	page 20
1.6	Na roghinn	page 21
1.7	Measadh nan Roghainn	page 23
1.8	Measadh nan Roghainn	page 24
1.9	Cunnartan mòra	page 25
1.10	An roghainn as fheàrr	page 26
1.11	Co-dhùnadh	page 27

Fios cudthromach

Chaidh an aithris seo a deasachadh le Grant Thornton UK LLP (“GTUK LLP”) airson cleachdadh Stòras Mara Cailleannach Eta ann an Alba, Roinn Leasachaidh Sgìrean ann an Èirinn a Tuath agus Roinn Coimhearsnachd, Cothromachd agus Gnothaichean Gaeltacht ann an Èirinn (an ceannaiche) a-mhàin, mar a tha air a chuir air chèill nar cùmhnant. Cha ghabh GTUK LLP, a bhuill, chom-pàirtichean, luchd-obrach agus gnìomhaichean uallach sam bith do dhuine sam bith a bhàrrachd a leughas no a chì ann an dòigh sam bith na th’anns an aithris seo cho fad’s a thèid leotha le lagh an R.A. Cha bhidh GTUK LLP dualtach airson milleadh, cosgaisean no call sam bith a dh’èireas bho duine sam bith a bhàrrachd a nì rud sam bith mar thoradh den aithris a leughadh. Chan eilear an dùil gur e adhbhar na h-aithris seo comhairle sam bith a thoirt do dhuine sam bith a bhàrrachd agus cha bu choir dha na daoine sin earbsa a chuir ann airson sin. Tha duine sam bith a bhàrrachd a chuireas earbsa san aithris, airson adhbhar sam bith ga dhèanamh air an ceann fhèin. Cha ghabh Grant Thornton UK LLP uallach sam bith ma thèid an aithris seo atharrachadh ann an dòigh sam bith gun chead sgrìobhte bho Grant Thornton UK LLP. Bu chòir comhairle phrofessionta a shireadh airson staid àiridh sam bith.

1.1 Roimh-ràdh

Se sgrùdadh àraid a tha ann am Pròiseact nan Aiseagan Beaga (PAB) airson na dòighean as fheàrr obrachadh a-mach air ciamar a thèid cabhlach ùir de aiseagan beaga a theid an cleachdadh airson seiribheisean chudthromach gu coimhearsnachdan iomallach air oir-thìr Alba agus Èirinn an dealbhachadh, an togail agus an ceannach. Tha a' toirt taic do na coimhearsnachdan sin co-chòrdail le poileasaidh Aonadh na h-Eorpa (AE) agus poileasaidhean na h-Alba, Èirinn a Tuath agus Èirinn.

Tha a' phròiseact a' dol air adhart tro co-chomann eadar Stòras Mara Cailleanach Earr (SMCE) ann an Alba, Roinn Leasachaidh Sgìrean (RLS) ann an Èirinn a Tuath agus Roinn Coimhearsnachd, Cothromachd agus Gnòthaichean Gaeltacht (RCCGG) ann an Èirinn (còmhla na com-pàirtichean SFP). Tha a' phròiseact air a maoinachadh ann am pàirt le Stòr Leasachaidh Sgìrean na h-Eorpa aig Aonadh na h-Eorpa tro INTERREG IVA prògram eadar-nàiseanta air a' stiùradh le Buidheann Phrògraman Àirid an AU.

1.2 Amasan Pròiseact nan Aiseagan Beaga

Se amas Pròiseact nan Aiseagan Beaga plana a chruthachadh a bheir buaidh air luchd-poileasaidh aig a bheil uallach airson aiseagan a' lorg airson seiribheisean chudthromach an cumail a' dol. Tha na soitheachan a thathar gan cleachdadh an-dràsta a' streap ri, no air aois 25 bliadhna a' ruighinn. Fhads a tha iad sàbhailte an cleachdadh fhathast, chan eil iad cho buailteach a bhith seasmhach agus earbsach anns an àm ri teachd.

Mar phàirtean bunaiteach den phlana seo thathar ag iarraidh cruth coitcheann a dhealbhadh agus dòigh chumanta a lorg air aiseagan ùra a cheannach, a ghabhas an cleachdadh anns gach sgìre airson tasgadh fhaotainn airson soitheachan ùra agus, 's dòcha, airson leasachaidhean ri calaichean ro 2015 cuideachd.

Mar sin, se amasan Pròiseact nan Aiseagan Beaga:

- Luach an airgead fhaighinn le ceannach soitheachan ùra tro bhith ag obair còmhla thairis air crìochan;
- A bhith ag iomlaid eòlas ann an rannsachadh teicneòlas ùr agus dòighean ùra maoinachaidh; agus
- A bhith a' dèanamh feum de sùbailteachd ann an ruith agus cumail suas a' chabhlach.



1.3 Leud a' Phròiseact

Tha a' Phròiseact a' sgrùdadh aiseagan air ochd slighean, ach thathar am beachd gum bidh buanachdan nas farsaiginn ann airson na slighean eile anns na sgìrean. Tha na slighean ann an liosta gu h-ìosal agus air a mhapa mu choinneamh.

- Alt an Chorrain gu Leab Gharbh Àrainn Mhòr
- An Bun Beag/Machaire Rabhartaigh gu Torraig¹
- Ballycastle gu Rathlin
- An Tairbeart gu Port a' Mhadaidh
- Giogha gu Taigh an Lòin
- An t-Òban gu Lios Mòr
- Tobar Mhoire gu Cille Chòmhain
- Sgonnsar gu Ratharsair



1. Bha seo anns a' chiad àite dol a' choinhead air an t-slighe bathair eadar Alt a' nChorrain gu Torraig. Chaidh aontachadh an t-slighe luchd-siubhail agus bathair eadar Bun Beag/Machaire Rabhairtaigh agus Torraig tràth anns a' Phròiseact.

I.4 Suidheachadh roi-innleachdail agus an t-suidheachadh an dràsta



Thairis air na trì riaghaltasan tha beachd làidir gun fheum taic a chumail ri ar coimhearsnachdan eileanach iomallach. Tha beachdan chumanta ann air na dòighean air ìre sheirebheis phoblach a thogail anns na coimhearsnachdan sin a tha seasmhach agus airidh air an airgead, agus air leasachadh eaconamach a bhrosnachadh. Tha seirbheasan aiseag a tha earbsach, goireasach agus aig prìs chothromach air leth cudthromach airson seo.

Airson na seirebheisean seo a thagradh tha na slighean gu h-àrd uile a' tighinn fo Chùmhnantan Seirbheis Poballach. Fo na cùmhnantan seo feumaidh an gnìomhaiche na h-aiseagan a thabhann ann an Èirinn a Tuath agus ann an Èirinn. Ann an Alba is ann le SMCE a tha na h-aiseagan, comann phoballach 100% fo smachd Riaghaltas na h-Alba agus air am fasdach don gnìomhaiche.

Chan eil an dòigh anns a bheil aiseagan air a bhith air an ceannach thairis air na trì dùthchanan, an cuide ri lùghdachadh ann an airgead anns an roinn phoballach, air gu leòr airgead a' lorg airson aiseagan ùra anns na bliadhnaichean mu dheireadh. Mar sin, than a h-aiseagan ro-ro a tha an dràsta a tabhann na seirbheisean chudromach sin eadar 23 agus 37 bliadhna a dh'aois agus tha iad a' streap ri, no nas sinne na an 25 bliadhna a bhathar an dùil a bhiodh iad ann an seirbheis airson. Leis an aois sin tha mòran obair-càiridh ri dhèanamh orra agus chan eil seo idir èifeachdach no seasmhach thairis air ùine fhada. Aig a' cheann thall, tha aois a' chabhlaich ga dhèanamh nas coltaiche gum bidh trioblaid mhòr ann agus gun tèid stad a chuir air aiseagan a thaobh sàbhailteachd, lagh no earbsachd nan aiseagan.

A bhàrrachd air sin, chan eil cus aisgean beaga ro-ro ri lorg anns a mhargaid agus tha làmh an uachdar gu mòr aig gnìomhaichean aig a bheil aiseagan mar sin nuair a thig e gu bhith a' tairgse airson cùmhnantan sheirbheis. Tha na trì h-ùghdarrasan den bheachd gum bu choir do shealbh phoballach air an dealbh airson slighean àirid air cuideachadh ann a bhith a' tairgse airson cùmhnantan agus gun lùghdaich iad cosgaisean còmhnaidh.

Tha goireasan cala cuideachd nam pàirt den Phròiseact. Tha measadh air a bhith air a dhèanamh de gach cala agus tha leasachadh sam bith air a bheil feum air an clàradh. Ann an cuid de shuidheachaidhean chan eil na goireasan math gu leòr agus feumar an leasachadh airson na h-aiseagan ùra.

1.5 Measadh de na tha a dh'ìth

Anns na trì dùthchanan tha na seirbheasan aiseag a' toirt seachad ceangalaichean air leth cudthromach agus tha iad a' toirt seireibheisean bhunaiteach phoballach do na coimhearsnachdan eileanach. Tha na h-aiseagan seo air leth cudthromach airson beatha eaconamach agus sòisealta nan coimhearsnachdan.

Tha MVA Consultancy air coimhead air adhart ris an iarratas a bhios ann airson na seirbheasan seo anns an àm ri teachd. Tha iad air measadh a dhèanamh air na h-ochd slighean anns an aithisg seo airson taic a thoirt dhan t-argamaid airson maoineachadh. A rèir an obair seo, thathar an dùil gum fàs an iarratas airson na seirbheasan seo eadar 1-3.5% gach bliadhna. Is ann air sgàths an obair seo, agus aois a' chabhlaich a tha na com-pàirtichean SFP ag iarraidh plana a chuir ri chèile airson aiseagan ùra a cheannach.

A togail air an obair aig MVA, chaidh iarraidh air Deltamarin Ltd bun-bheachd a thoirt seachad air aiseagan a dhealbhadh stèidhichte air Aithisg Fheumalachdan a thug na com-pàirtichean SFP seachad (a' togail bho obair MVA), a' chuan air am biodh iad a' seòladh, staid nan calaichean agus riaghailtean dealbhachaidh eadar-nàiseanta agus an AU. Ged a bha e follaiseach gum biodh feum air bàrrachd na aon mheudachd de bhàta, bha aig Deltamarin ri rudan choitcheann a thaobh cruth slige agus acainn. As a seo, thàinig ceithir dhealbhan de dh'aiseagan mar a' leanas:

Cruth na h-aiseag	Càraichean	Luchd-siubhail	Slighean
Cruth B	23	150	Slighean ann an Alba (ach an t-Òban gu Lios Mòr)
Cruth C (coltach ri B)	12	96	Alt an Chorrain gu Leab Gharbh, Àrainn Mhor agus an t-Òban gu Lios Mòr
Cruth D (luchd-siubhail a-mhàin)	Ní bhaineann sé le hábhar	100	Machaire Rabhartaigh gu Toraigh
Cruth E (coltach ri B)	6	150	Ballycastle gu Eilean Rathlin

An cuide ri seo, ghabh na com-pàirtichean SFP sùil air na goireasan cala airson measadh a dhèanamh air an staid an dràsta, agus airson beachdachadh air na dh'fheumas aiseagan ùra. 'S iad Halcrow a rinn am measadh teicnigeach seo agus rinn iad planaichean airson an leasachadh a dh'fheumas a dheanamh airson na h-aiseagan ùra. Sheall an obair seo gum bidh feum air maoineachadh luach £7.5m thairis air na h-ochd slighean.



1.6 Na roghinn

An dèidh dearbhadh gu bheil feum air aisgean agus goireasan cala ùr, b'fheudar dha na com-pàirtichean SFP dòigh a' lorg air na h-amasan aca a choileanadh taobh a-staigh a' Phròiseact. Feumaidh seo an dòigh a' lorg le luach an airgead as fheàrr airson gach buidheann le bhith ag obair agus a' ceannach còmhla. Bha dà cheist bhunaiteach a dh'fheumadh am freagairt.

- i) Cò bu chòir an ceannach a dhèanamh?
- ii) Ciamar a bu chòir a dhèanamh?

Airson an dòigh as fheàrr a' lorg chruthaich na com-pàirtichean SFP modal a fhreagradh na ceistean "co" agus "ciamar". Bhon mhodal seo nochd na dòighean a leanas.

Roghainn	Tiotal	Iomradh
1	Status Quo	Na h-aisgean a chumail mar a tha iad. Air an toirt seachad leis an Riaghaltas ann an Èirinn a Tuath agus Èirinn, le SMCE ann an Alba.
2a	Ceannach air leth - Maoineachadh Tradiseanta	Aiseagan ùra air an ceannach agus air an cumail le gach com-pàirtiche SFP leotha fhèin.
2b	Ceannach air leth - SMCE mar CMP	2b a' beachdachadh air SMCE a' dol na Chompanaidh math a' Phoball (CMP)
3a	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Maoineachadh Tradiseanta	Aiseagan ùra air an ceannach còmhla ach air an cumail fa-leth le gach com-pàirtiche. Dh'fhaodar eòlas iomlaid. Dh'fhaodar maoinachadh tradiseanta a' chleachdadh air neo an ceannach fo mhàl no measgachadh de na dhà. (sealbh sealach)
3b	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Sealbh Sealach	
3c	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - gnìomhachd air mhàl	
4a	Ùghdarras stiùiridh - Maoineachadh Tradiseanta	Aiseagan ùra air an ceannach còmhla ach air an cumail fa-leth le gach com-pàirtiche. Tha an tairigse agus an togail air an stiùradh le SMCE aig a tha an t-eòlas bunaiteach. Tha aontachadh air a chuir air dòigh airson na cùmhnantan eadar na com-pàirtichean a rian. Tha gach com-pàirtiche a' cleachdadh maoinachadh tradiseanta.
4b (i)	Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP le cead sealbh a bhith aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan.	Tha SMCE a' ceannach agus a ruith aisgean air leth na trì com-pàirtichean agus gan dèanamh ri fhaotainn anns gach dùthaich tro bhann sgrìobhte. Bidh SMCE mar CMP a' gabhail na h-aiseagan air màl bho chompanaidh phrìobhaideach. Tha aontachadh air a chuir air dòigh airson na cùmhnantan eadar na com-pàirtichean a rian. Tha gach com-pàirtiche a' cleachdadh maoinachadh tradiseanta.

1.6 Na roghinn (lean)

Roghainn	Tìotal	Iomradh
4b (ii)	Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP gun chead sealbh a bhidh aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan.	Tha SMCE a' ceannach agus a ruith aiseagan air leth na trì com-pàirtichean ach chan eil aca ach uallach airson a bhi a' ruith aiseagan ann an Alba. Tha na h-aiseagan airson Èirinn a Tuath agus Èirinn air am maoinichadh gu tradiseanta agus tha seilbh aig na Riaghaltasan orra. Tha na h-aiseagan airson Alba air an gabhail air màl bho chompanaidh phrìobhaideach. Tha aontachadh air a chuir air dòigh airson na cùmhnantan eadar na com-pàirtichean a rian. Tha gach com-pàirtiche a' cleachdadh maoinichadh tradiseanta.

Chaidh beachdachadh cuideachd air Com-pàirteachas Prìobhaideach Poballach (CPP) agus Roghainn Co-dhùirig ach cha deach an cuir air an liosta. Chan eil an roghainn CPP freagarrach arison na cùmhnantan. Tha an Roghainn Co-dhùirig doirbh obrachadh agus cosgail. Chan eil buanachdan ann nach fhaighear bho na roghainn air an liosta.

Choimead sinn cuideachd air bàtaichean cleachdte fhaighinn airson cuid de na slighean le eòlaichean. Thuir na h-eòlaichean nach eil gu leòr aiseagan rim faighinn a tha freagarrach. Feumar soitheachan a tha seasmhach ri droch mhuir agus leis na bacaidhean a tha ann fo Aonadh Stockholm cha nochd aiseagan freagarrach air a mhargaid tric gu leòr airson an roghainn seo a dhèanamh comasach.

Tha an roghainn airson gnìomhaichean aiseagan ro-ro a thoirt seachad anns an Status Quo airson Èirinn a Tuath agus Èirinn a-mhàin. Tha seo air sgàths gu bheil an roghainn seo a' cuir bacadh air co-fhairpis agus a' cuir bacadh air gnìomhaichean ùra air sgàths gu bheil e cho doirbh soitheachan freagarrach fhaighinn. Tha e cuideachd a cuir stad air gnìomhaichean bho bhidh a' ceannach aiseagan ùra mar a chaidh fhaicinn ann an tairgsean ann an Èirinn agus Èirinn a Tuath. Ann an Alba bha SMCE air a' stèidheachadh airson aiseagan a thoirt seachad airson slighean-mara na h-Alba agus mar sin thathar an dùil gun cùm sin a' dol.

Bha na roghainn air an liosta gu h-àrd air an sgrùdadh agus am measadh mar a leanas.



1.7 Measadh nan Roghainn

Chaidh measadh a dhèanamh air cosgais gach roghainn, le airgead air a chuir gu aon taobh, le bhith a' beachdachadh air na bha gach roghainn a tabhart gu amasan chòmhdaile agus amasan luach an airgead a' Phròiseact mar a chithear gu h-ìosal.

Amasan Chòmhdaile	Amasan Luach an Airgead
<ul style="list-style-type: none"> • Àrainneachd • Sàbhailteachd • Eaconamaidh • Aonachadh • Cothromachd agus Gabhail a-staigh sòisealta 	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachas • Cosgais • Co-fhairpis • Smachd • Seasmhachd • Coileantachd

Seo mar a sheas na roghainn an aghaidh a chèile a thaobh amasan chòmhdaile agus luach an airgead.

Roghainn	Amasan Chòmhdaile	Amasan Luach an Airgead
1 - Status quo	9	5
2a - Ceannach air leth - Maoineachadh Tradiseanta	1	8
2b - Ceannach air leth - SMCE mar CMP	1	9
3a - Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Maoineachadh Tradiseanta	1	4
3b - Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Sealbh Sealach	1	5
3c - Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - gnìomhachd air mhàl	1	3
4a - Ùghdarras stiùiridh - Maoineachadh Tradiseanta	1	2
4b(i) - Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP le cead sealbh a bhith aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan	1	1
4b(ii) - Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP gun chead sealbh a bhith aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan	1	7

Chan eil an Status Quo a' coileanadh na h-amasan chòmhdaile oir chan eil e a' toirt seachd aiseagan ùra agus mar sin chan eil e seasmhach thairis air 25 bliadhna. Tha a h-uile roghainn eile ann an dòigh air choireigin a' toirt seachd aiseagan ùra agus mar sin tha iad a' coileanadh na h-amasan chòmhdaile aca.

Tha roghainn 4a agus 4b (i) a' coileanadh amasan luach an airgead nas fheàrr na càch. Tha buanachdan ann a thaobh:

- **Com-pàirteachas** - Obair gu buileach còmhla airson aiseagan a cheannach airson na slighean cudthromach le bhith ag iomlaid eòlas agus sgilean thairis air na trì dùthchannan airson barrachd luach fhaighinn as an airgead ann an ceannach, togail ruith agus stiùradh;
- **Co-fhairpis** - A' tàladh co-fhairpis làidir airson slighean nuair a tha iad air an tairgse le bhith a' tabhann aiseagan ùra do ghnìomhaichean ùra a chleachdas iad airson an seirbheis a thabhann;

1.7 Measadh nan Roghainn (lean)

- **Smachd** - Riaghaltas a' cumail smachd cheart air na h-aiseagan a tha air an cleachdadh air na slighean airson dèanamh cinnteach gu bheil na seireibheisean cho math 'sa bu chòir; agus
- **Seasmhachd** - Structur seasmhach a thaobh rianachd agus cùmhnantan airson aiseagan agus seireibheisean.

Tha roghainn 4 b (i) cuideachd a' lùghdachadh a' chosgais air gach sgìre ann am bliadhna. Chan eil e cinnteach ge-ta an gabh an roghainn seo a dhèanamh oir that e a' crochadh air SMCE a' dol na chompanaidh CMP.

Air an làimh eile gabhaidh roghainn 4 b(ii) a dhèanamh gu math nas fhasa (chan fheum atharrachadh tighinn air structuran) ach cosgaidh e bàrrachd leis an dòigh maoineachadh tradiseanta.

Tha am measadh a' sealltainn gur e roghainn 4b (i) as fhèarr le roghainn 4a 3c agus 3a a' tighinn as a dhèidh.

1.8 Measadh nan Roghainn

Airson na cosgaisean an sàs anns na roghainn air an liosta a mheasadh thairis air 25 bliadhna tha modalan air a bhì air an dèanamh de phrìomh chosgaisean, cosgaisean càraidh agus iomairt an cois na thathar an dùil a thig a-staigh de dh'airgead. Airson coimeas a dhèanamh tha NPV air a dhèanamh le lùghdachadh de 3.5%.

Tha a' chlàr gu h-ìosal a' sealltainn an NPV aig gach roghainn ach roghainn a h-aon. Chan eil an Status Quo air a chunntadh air sgàths nach eil e seasmhach thairis air 25 bliadhna.

Roghainn	Iomradh	NPV (£m)	Seachranachd (£m)	Seachranachd %	Rangú
2a	Ceannach air leth - Maoineachadh Tradiseanta	99.5	2.3	2%	3
2b	Ceannach air leth – SMCE mar CMP	104.9	7.6	8%	8
3a	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Maoineachadh Tradiseanta	97.3	n/a	n/a	1
3b	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - Sealbh Sealach	102.9	5.6	6%	6
3c	Ceannach còmhla, cùmhnantan fa-leth - gnìomhachd air mhàl	102.5	5.3	5%	4
4a	Ùghdarras stiùiridh - Maoineachadh Tradiseanta	97.3	n/a	n/a	1
4b (i)	Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP le cead sealbh a bhidh aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan	104.9	7.6	8%	7

1.8 Measadh nan Roghainn (lean)

Roghainn	Iomradh	NPV (£m)	Seachranachd (£m)	Seachranachd %	Rangú
4b (ii)	Ùghdarras stiùiridh SMCE mar CMP gun chead sealbh a bhith aca air aiseagan agus an cuir air màl gu riaghaltasan	102.6	5.3	5%	5
I	Status Quo (airson coimeas a-mhàin)	71.8	-	-	-

Mar a chithear bhon chlàr gu h-àrd, is iad roghainn 4a agus 3a as saoire le cosgais £97.3m. Tha na roghainn seo a' cleachdadh maoineachadh tradiseanta airson aiseagan ùra. Aig a' cheann eile se roghainn 2b as daoire le cosgais £104.9m. Air sgàths a' chosgais seo chan eil an roghainn seo freagarrach.

1.9 Cunnartan mòra

Tha cuid de na roghainn air am fàisneachd air barailtean bunaiteach àraid a thaobh an structur agus an dògh a thachras an ceannach. Chan eil smachd aig na com-pàirtichean SFP air na barailtean sin agus bidh buaidh aca air na thèid a dhèanamh. Tha na cunnartan air an gear-cunntas gu h-ìosal.

- **Làimhseachadh de chunntasachd air màl-ruith anns an àm ri teachd** - Tha bòrd eadar-nàiseanta chunntasachd a' beachdachadh air mar a tha cunntasachd air a dhèanamh a thaobh màl-ruith agus ma thèid na molaidhean aca a leantainn cha bhi a leithid a rud ri màl-ruith den t-seòrsa seo ann bho 2013. Ma thachras seo caillidh roghainn 3b agus 3c buanachd a thaobh cìsean.
- **Inbhe SMCE mar CMP** - Tha roghainn 4b (i), 4b (ii) agus 2b stèidhichte air a bhàrail gun cùm Riaghaltas na h-Alba SMCE mar chompanaidh phoballach . A bhàrachd air sin tha na roghainn ag obair bhon bhàrail gum bidh a chead aig a' chompanaidh ùir CMP airgead a thoil bhon roinn phrìobhaideach airson aiseagan agus leasachaidh chaidhean a mhaoineachadh. Tha inbhe SMCE an-dràsta fo sgrùdadh agus thathar am beachd gum bidh co-dhùnadh ann mu seo san Fhoghar 2010. Ma thèid SMCE na CMP rachadh roghainn 2b an àite 2a agus 4b (i) no rachadh 4b (ii) an àite 4a aig àm fhreagarrach.
- **Poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air dreuchd SMCE** - Ma thèid SMCE na CMP feumaidh Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air dreuchd SMCE agus am bu chòir dha coimhead an dèidh gnothaichean Albanach a-mhàin, no am faod e obair airson margaid nas farsaiginn. Tha roghainn 4b (i) stèidhichte air a bhàrail gum fhaod an CMP aiseagan a cheannach agus stiùradh a dhèanamh thairis air na trì dùthchanan. Tha roghainn 4b (ii) den bheachd gum fheum e cumail ri gnothaichean Albanach.

1.10 An roghainn as fheàrr

Feumaidh an roghainn as fheàrr cothromachd a' lorg eadar gnothaichean an airgead agus gnothaichean eile agus cuideachd beachdachadh gu dlùth air cho coltach sa tha e gun tèid aige a bhì air a choileanadh.

Tha argamaid a' ghnìomhachais den bheachd gur e roghainn 4a an roghainn as fheàrr. A rèir NPV se seo an roghainn leis a' chosgais as isle agus tha e a' tighinn anns an dara àite a thaobh amasan a' phròiseact a choileanadh.

Tha buanachdan mòra ann le roghainn 4a nam measg:

- Obrachadh còmhla a thaobh aiseagan ùra a cheannach airson slighean air leth cudthromach le SMCE ga stiùradh air leth na trì dùthchannan agus ag iomlaid eòlas agus sgilean eadar na com-pàirtichean SPF airson luach an airgead fhaighinn ann an ceannach, togail, ruith agus stiùradh. Tha seo a' toirt a-staigh obair còmhla ann an obair càraidh, trèanadh agus ma tha feum air bàtaichean a bh'arrachd.
- A' tàladh co-fhairpis làidir airson slighean nuair a tha iad air an tairigse le bhì a' dèanamh a' ghnòthaich cho furasta sa ghabhas airson gnìomhaichean ùra ann an Èirinn a Tuath agus Èirinn.
- Riaghaltas a' cumail smachd cheart air na h-aiseagan airson dèanamh cinnteach gu bheil an t-seirbheis cho math agus is urrainn dha a bhidh; agus
- Structur seasmhach a thaobh rianachd agus cùmhnantan airson ceannach aiseagan agus seirbheisean aiseag a thabhann.

Gabhaidh roghainn 4a a dhèanamh oir chan fheum atharrachadh tighinn air structuran rianachd agus chan eil uidhir cunnart na luib a thaobh ruith-màl no CMP. Air a riaghladh le aontachadh com-pàirteachaidh ghabhadh SMCE as làimh an iomairt tairigse airson aiseagan ùra fhaighinn agus chùm madh na trì Riaghaltasan sùil air a ghnòthach. Thathar am beachd gun dreachadh SMCE an sàs ann an cùmhnant singilte le luchd-togail nan aiseag agus gun stiùradh iad libhrigeadh nan aiseag. Tha seo a' leigeal leis gach buidheann buanachd fhaighinn bhon t-eòlas a thaca, agus cuideachd airgead a shàbhaladh.

Biodh cùmhnantan air an cuir an gnìomh le Riaghaltasan Èirinn a Tuath agus Èirinn airson gun cumadh gach dùthaich na dleasdanasan agus cunnart sam bith airson na h-aiseagan aca fhèin. Is ann leis na Riaghaltasan agus le SMCE a bhios na h-aiseagan nuair a tha iad deiseal. Thathar an dùil gun cleachd Èirinn a Tuath agus Èirinn moineachadh tradiseanta agus gun cùm Alba a' cleachdadh an goireas iasad a tha ann mar tha.

Se a' chunnart as motha a tha an sàs ann an roghainn 4a duilgheadasan sam bith a bhios ann le prìomh mhaoineachadh airson aiseagan ùra. Dh'fhaodadh an cunnart seo a' lùghdachadh nan dreachadh maoinachadh a shireadh bho phrògraman AU mar program eadar-nàiseanta INTERREG IVA.

I.II Co-dhùnadh

Se prìomh amas Phròiseact nan Aiseagan Beaga buaidh a thoirt air luchd-poileasaidh ann an Alba, Èirinn a Tuath agus Èirinn le sealltain dhaibh na buanachdan a tha ann bho bhith ag obair còmhla a thaobh dealbhachadh agus ceannach aiseagan airson seirbheis a thoirt do choimhearsnachdan iomallach, eileanach far chostaidhean Alba agus Èirinn.

Tha na h-aiseagan an drasta a tabhann nan seireibheisean sin a' sreap ri no air ceann am beatha obrach a' ruighinn aig aois 25 bliadhna, agus tha aois a' chabhlach ga dhèanamh nas coltach gum bidh duligheadasan mòra ann anns an àm ri teachd a thaobh sàbhailteachd, lagh agus seasmhachd.

Tha an t-argamaid gnìomhachais a beachdachadh air iomadh dòigh ceannach agus maoinachadh airson aiseagan ùra fhaighinn agus a' tighinn gun cho-dhùnadh:

- Thèid airgead mòr a shàbhaladh tro bhith ag obair còmhla a thobh dealbhachadh, ceannach agus togail aiseagan. Dh'fhaodar suas ri 15% a shàbhaladh.
- Bu chòir do SMCE gnothaich a cheannaich a' stiùireadh air leth na trì dùthchannan agus iomlaid a dhèanamh air eòlas agus sgilean airson luach an airgead fhaighinn tron ghnothach air fad.
- Se maoinachadh tradiseanta an dòigh as fheàrr leis cho mi-fhreagarrach sa tha cùmhnantan CPP anns a' mhargaid seo.
- Feumar aiseagan ùra an ceannach airson na seireibheisean seo. Chan eil gu leòr aiseagan cleachde air a mhargaid a bhiodh freagarrachd airson na slighean seo. Cha ghabh aiseagan cleachde an ceannach luath gu leor co-dhiù. Feumar dèanamh cinnteach cuideachd nach eil bacaidhean ann airson gnìomhaichean ùra a tha airson tairigse airson na slighean a' ruith.
- Ma tha na h-aiseagan ann ri thoirt gu na gnìomhaichean bheir seo piseach air a cho-fhairpis airson tairigsean, agus leigeidh seo leis an Rìghaltas smachd a chumail air a ghnothach agus dèanamh cinnteach gu bheil an seirbheis cho math agus is urrainn dha a bhith.
- Bu chòir do na com-pàirtichean SFP feuchainn ri maoinachadh fhaighinn bho Prògraman an AU mar program eadar-nàiseanta INERREG IVA airson na seiribheisean aiseag cudthromach anns na trì dùthchannan anns a Phròiseact.

